



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

FAOILLEACH 2020 / JANUARY 2020

A-NOCHD!! / TONIGHT!!

ÒRAID CHUIMHNEACHAIDH IAIN MHICLEÒID

THE JOHN MACLEOD MEMORIAL LECTURE

Air a lìbhrigeadh leis An Dr Alasdair MacIleBhàin

PRESENTED BY DR ALASDAIR WHYTE

FÈIN-AITHNE IS FÈIN-MHEAS NAN GÀIDHEAL

DIARDAOIN 30 FAOILLEACH 2020
THURSDAY 30 JANUARY 2020

Àite: Oilthigh Dhùn Èideann, The Project Room
50 Ceàrnag Sheòrais, Dùn Èideann, EH8 9LH

Venue: The University of Edinburgh, The Project Room
50 George Square, Edinburgh, EH8 9LH

UAIR: 1900-2100 (ÒRAID AIR A THOIRT SEACHAD AIG 1930)
Time: 1900-2100 (Lecture delivered at 1930)

Tuilleadh fiosrachaidh bho:
An Comunn Gàidhealach: 01463 709705
neo Oilthigh Dhùn Èideann
0131 650 4167

More Information: An Comunn Gàidhealach: 01463 709705

The University of Edinburgh :
0131 650 4167



OILTHIGH DHÙN ÈIDEANN

ÒRAID CUIMHNEACHAIDH IAIN MHICHLÉÒID

Bidh an dàrna òraid bhliadhnaile mar chuimhneachan air Iain MacLéòid a' gabhail àite, Diardaoin an 30mh den Fhaoilleanach 2020. Thèid an tachartas, a tha ga chuir air dòigh leis a' Chomunn Ghàidhealach, le taic bho Roinn Cheilteis agus Eòlas na h-Alba de dh' Oilthigh Dhùn Èideann, a chumail ann an Seòmar a' Phròiseact, 50 Ceàrnag Sheòrais, Oithigh Dhùn Èideann, EH8 9LH eadar 19.00-21.30f.

Mar dhòigh air aithne agus luaidh a dhèanamh air cho mòr 's a bha Iain a' brosnachadh na h-òigridh ann an coimheasrnachd na Gàidhlig, 's e an Dr Alasdair MacIleBhàin, Tosgaire na Gàidhlig 2019 a bhios a' libhrieadh na h-òraid.

Bithear a' cruinneachadh anns an Oilthigh far an robh an t-Ollamh Uilleam J MacBhatar stèidhichte fad còrr is 20 bliadhna. Tha e gu tur iomchaidh gur ann gu sònraichte air "fèin-aithne is fèin-mheas nan Gaidheal" a bhios òraid 2020 ag amas. Tha cuspair na h-òraid a' toirt cothrom do dh' Alasdair an t-èolas sgoilearach mionaideach aige fhèin, fhighe an luib cuspair na bliadhna-sa. Tha ainmean-àite a' toirt taic a thaobh ar fèin-aithne a thuigsinn; gu dearbha, 's e prìomh-eòlaiche air ainmean-àite Gàidhlig na h-Alba a th' ann an Alasdair.

Tha ceithir ficead bliadhna 's a ceithir deug air a dhol seachad bho chaidh Ainmean-àite Ceilteach na h-Alba fhoillseachadh an toiseach. Cha mhòr ceud bliadhna an dèidh sin, bidh sinn a' cruinneachadh ann an Oilthigh Dhùn Èideann, a dh' èisteachd ri òraid air an dearbh chuspair, le eòlaiche ùr, òg, a tha agamas air tuigse agus ionnsachadh a bharrachd a thoirt dhuinn mu ar fèin-aithne. Chan eil teagamh nach biodh an t-Ollamh MacBhatar air a dhòigh.

Thuit An Dr Alasdair MacIleBhàin: Tha e na urram mhòr dhomhsa Òraid Chuimhneachaideh Iain MhicLeòid a thoirt seachad am-bliadhna. 'S ann aig Mòdan a chuir mise aithne air Iain an toiseach agus cuimhne agam air mar eisimpleir a sheas còraichean na Gàidhlig agus a bhrosnaich fèin-aithne nan Gàidheal. Tha linn a' chruinneachais air luach ann an dùthchas a lùghdachadh ach tha cothroman na lùib. Faodaidh sinne a-nis a bhith air tùs iomairte a chuireas nuadhas gu feum ann a bhith ag àrdachadh agus ag adhartachadh nithean ionadach agus an dualchais bheairtich againn fèin, mar a rinn lain.

JOHN MACLEOD MEMORIAL LECTURE

The second annual John Macleod Memorial Lecture, organised by An Comunn Gàidhealach and supported by the Department of Celtic and Scottish Studies of the University of Edinburgh, will take place on Thursday 30 January 2020, in The Project Room, 50 George Square, University of Edinburgh, EH8 9LH, 19.00-21.30pm.

In recognition of John's enthusiasm and encouragement of young people in the Gaelic community it is appropriate that the second address will be delivered by Dr Alasdair Whyte (Tosgaire na Gàidhlig 2019 - Gaelic Ambassador of the Year 2019).

We shall gather at the University where Professor William J Watson resided for over 20 years. It is fitting that the Memorial Address in 2020 will focus upon "fèin-aithne agus fèin-misneachd nan Gaidheal". This subject allows Alasdair to weave his academic background into the subject of identity and self-esteem. Placenames help us to understand our identity, and Alasdair is a leading authority on the Gaelic placenames of Scotland.

Ninety four years have passed since *The Celtic Place-names of Scotland* was first published. Almost one century later we gather, at the University of Edinburgh, to listen to an address by a new authority on Celtic Placenames, which seeks to help us understand our identity. Professor Watson would have approved.

Dr Alasdair Whyte said: It is a real honour to be invited to present this year's John MacLeod Memorial Lecture. It was through local and national Mòds that I first came to know John, and his dedication to Gaelic and promotion of Gaelic identity was an example to me. The age of globalisation has devalued the local across the world but with it comes opportunity. Through innovation and new technology, we can lead from the front in celebrating and advancing our own rich language and culture, as John did.



**AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL
ROYAL NATIONAL MOD
ATHARRACHAIDHEAN /AMENDMENTS**



Chìtheart atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seo gu h-ìosal. Cumaibh sùil air an lèrach-lìn againn gun fhiös nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/changes-to-prescribed-pieces>

- A308** 'Tha bainne aig na caoraich uile': 'chruinn' should be "chruim", throughout.
A308 'Bodachan a' Ghàrraidh': bars 42/44/46- should be 'aige' not 'aice'.
A308 'Bodachan a' Ghàrraidh': bar 43-bass second note should be a D rather than an E (doh rather than a ray).
A306 'Beinn Eadarra'-bar 24/26-in the soprano line, bar 26 should be the same as bar 24.
C44(i) Chì mi' n toman-Verse 3, line 2, should read: "gu bean-taighe an fhuilt-bhàin"

**AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL
FUTURE ROYAL NATIONAL MOD DATES**

2020 Inbhir Nis 9- 17 Dàmhair / October

2021 Peairt / Perth 8-16 Dàmhair / October

2022 Pàislig / Paisley - 14-22 Dàmhair / October

2023 An Òbain / Oban - 13-20 Dàmhair / October



PIOSAN AINMICHTÉ MOD 2020

Thèid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2020 a chumail ann an Inbhir Nis eadar an 9mh is 17mh den Dàmhair.

Gabhaidh na piosan ainmichte a cheannach an-dràsta bho na h-ofisean againn, ann an Inbhir Nis is Steòrnabhagh no tron làrach-lìn againn.

<https://www.ancomunn.co.uk/store/>

FÈISTV @ A' MHÒD

Abair gun robh sinn toilichte ag obair còmhla ri Fèisean nan Gàidheal gus na bhideothan seo a thoirt thugaibh! Seo agaibh criomagan de thachartasan beò, farpaisean, agallamhan, criomagan spòrsail is eile a bha a' dol seachdain a' Mhòid!



MOD 2020 PRESCRIBED PIECES

The 2020 Royal National Mòd will take place in Inverness between the 9th and 17th of October.

The prescribed pieces can now be purchased at either of our offices in Inverness or Stornoway or via our online shop.

<https://www.ancomunn.co.uk/store/>

FÈISTV @ AT THE MÒD

Still suffering from Mòd Ghlaschu blues?

Well here's a reminder of what was going on during that fantastic week!

<https://www.youtube.com/user/feiseannangaidheal/videos>



AN COMUNN GÀIDHEALACH

MÒDAN IONADAIL 2020

Lochaber / Lochaber 29 Cèitean / May

Leòdhais / Lewis 1-5 Ògmhios / June

An t-Òban / Oban 5 & 6 Ògmhios / June

Na Hearadh / Harris 12 Ògmhios / June

Siorrachd Pheairt & Aonghas / Perthsire & Angus
12 & 13 Ògmhios / June

Aird nam Murchan / Ardnamurchan 19 Ògmhios / June

Inbhir Nis / Inverness 19 & 20 Ògmhios / June



GHEIBHEAR TUILLEADH FIOSRACHADH MU NA
MÒDAN IONADAIL AGUS NÀISEANTA GU H-ÌOSAL:

www.ancomunn.co.uk



BLIADHNA NAN CLADAICHEAN IS NAN UISGEACHAN ANN AN ALBA

Tha sinn gu math toilichte a bhith mar phàirt de na tachartasan a bhios a' gabhail àite am bliadhna airson Bliadhna nan Cladaichean is nan Uisgeachan ann an Alba a chomharrachadh.

Nach cum sibh sùil air na meadhanan sòisealta againn airson barrachd fiosrachadh.



SCOTLAND'S YEAR OF COASTS & WATERS

We are delighted to be a part of the exciting line-up of events celebrating EventScotland's Year of Coasts and Waters.

Keep an eye out for updates on what we have planned for #YCW2020 this year.

Check out www.visitscotland.com/yCW2020 for more information on the different events taking place throughout the year.

Seo agaibh 'STORM', am pupaid is mothaidh ann an Alba, a' seasamh aig 10 meatair. Chaidh a cuir air bhog aig toiseach Fèis Celtic Connections an Glaschu na bu tràithe air a mhìos seo. 'Be seo aon de na tachartasan a tha air gabhal àite airson comharrachadh toiseach Bliadhna nan Cladaichean is nan Uisgeachan ann an Alba.

Cumaibh sùil a-mach airson na tachartasan eadar-dhealaichte a bhios a' gabhail àite mar phàirt de Bliadhna nan Cladaichean is nan Uisgeachan ann an Alba agus cumaibh sùil a-mach airson STORM cuideachd!

Cumaibh sùil air / please follow the following hashtag: #YCW2020



Pictured here is 'STORM', Scotland's largest puppet, standing 10 metres tall. STORM was unveiled at the start of this year's Celtic Connections Festival in Glasgow earlier this month. This was one of the first events to mark EventScotland's official Year of Coasts and Waters.

Keep an eye out for all the various events and activities that will be taking place over the year as part of EventScotland's Year of Coasts and Waters and keep an eye out for STORM too at various events throughout the year.



BÀRD A' CHOMUINN 2019

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire –
bliadhna mhath ùr dhuibh uile!

Tha An Comunn Gàidhealach air a bhith cho
coibhneil is 'oisean' a thairgse dhomh, mar
Bhàrd a' Chomuinn 2019-2020, sa chuairt-litir mhìosail
acasan. Mo thaing chridheil dhaibhsan, agus do
Chomhairle nan Leabhrachean cuideachd, airson an taic
fialaidh dhomhsa san dreuchd seo.

Ann am com-pàirteachas leothasan, tha sinn ag
ullachadh prògram thachartasan thairis air a' bhliadhna a
tha romhainn. Nam measg, tha dùil neo dòchas agam
pàirt a ghabhail mar leanas:

- Comunn Gàidhlig Lunnainn, Cèilidh is Coinneamh
- Bliadhnaill: 15 Gearran
- StAnza 'Gaelic Writers Showcase', Cill Rìmhinn:
8 Màirt
- Fèis Pan-Celtic, Carlow, Éirinn: Giblean
- Co-labhairt Rannsachadh na Gàidhlig,
Antigonish, Alba Nuadh: Iuchar
- Fèis Interceltique, Lorient Brittany: Lùnastal
- Fèis Leabhrachean agus Ealain Inbhir Narainn:
Sultain
- Fèis Leabhrachean Nis: Dàmhair

Bidh mi cuideachd nam neach-oide, rè na
bliadhna, airson bàrd òg fon sgeama "What's your Story?"
aig Urras Leabhrachean na h-Alba, a' tòiseachadh aig co-
labhairt sa Ghearran aig Mon Itheag Mhòr.

Gheibh sibh barrachd fios mu naidheachdan agus
tachartasan ùra air an lèrach-lìn agam:
www.sandynicdhomhnailljones.com

Bidh mi a' sìreadh piobrachadh bhon a' Cheòlraidh, gus
dàin ùra a sgrìobhadh!
Seo dhuibh am fear as ùire agam – pìos aotrom! "Cumha
a' Chrùin-Chiomaich".

Cumha a' Chrùin-Chiomaich 1978-1999

Cha deach duais Bàrd a' Chomuinn a thoirt seachad rè na
còrr is fichead bliadhna sin

Rann 1

'S mi nam shuidh' seo nam aonar
Ann am bocsa gun ghrian,
Ghoid an duibhre mo shaorsa:
Righ! 'S cha mhòr nach caill mi m' rian.

Sèist

A Cheòlraidh, ur sunnd!
Is glèidhear ur reachd.
Cha bràigh' mis' an crùn,
'S chan àichead mo rùn:
sàr-urram do bhàird ri teachd.

Rann 2

Ged de mheileabhaid phurpidh
Rinneadh cluasag m'ait'-suidhe,
'B e sèithearn bàrd ùraicht',
No ceann-duanair' a guidheam.

Sèist

Rann 3

Caoidht' an cliù a bu ghnàth leam,
leth-cheud bliadhna' bhithinn builicht'
aир ur bathais - a bhàrdaibh! -
a choisinn a' phrìomh dhuais.

Sèist

Rann 4

Ach fichead bliadhna' orm fadachd -
's mi sa chiste chiar ghlaiste -
ri bhith fillte mar labhras
air ceann nam bàrd aithnicht'.

Sèist

Rann 5

Cluinnibh fathann ro-iongantach!
Is mithich dhomh dùsgadh!
Thèid mo liomhadh is dustadh -
Óir thèid bàrd ùr a' chrùnad!

Sèist

Rann 6

Às a' chiste mo ghruaim
Is àill leam nis tàireadh.
Gheibh bàrd ùr an seann duais
Is èirich le àigh mi.

Righ! Leigibh a-mach mi!
Nis leigibh às mi!!

Sèist mu dheireadh

Togaibh ur ceann, is togaibh ur peann,
a bhàrdaibh, 's ur tàlann gun tàlainn.
Mis' an crùn, 's tha mi beò!
Ar cànan 's ar cèol,
Suas le bàrdachd, is suas leis a Ghàidhlig!

AN COMUNN BARD 2019

SANDY NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends - a happy new year to you all!

An Comunn Gàidhealach have been very generous in offering me a 'corner' in the monthly newsletter, as their An Comunn Bard 2019-2020. I would like to thank them, and also the Gaelic Books Council, sincerely for their kind support to me in this role.

In collaboration with both organisations, we have been developing a programme of events over the coming year. Amongst other things, I hope and plan to participate in the following:

- Comunn Gàidhlig Lunnainn, Cèilidh and Annual Meeting: 15 February
- StAnza 'Gaelic Writers Showcase', St Andrew's: 8 March
- Fèis Pan-Celtic, Carlow, Ireland: April
- Conference on 'Researching Gaelic' Antigonish, Nova Scotia: July
- Festival Interceltique, Lorient Brittany: August
- Nairn Book and Arts Festival: September
- Ness Book Festival: October

During the year ahead, I will also be mentoring a young Gaelic poet, under the auspices of the 'What's Your Story" scheme of the Scottish Book Trust, and starting with a study week in February at Moniack Mhor.

You can find more news and information about forthcoming events on my website:
<https://sandynicdhomhnailljones.com/>

I am hoping for some inspiration from the Muses, to write some new poems! Here is my latest effort - a whimsical piece! - "Lament of the Captive Crown".

Lament of the Captive Crown 1978-1999

The 'An Comunn Bard' title was not awarded for more than twenty years

Verse 1

Here I sit alone and lonely
In a box without sunlight,
Darkness has stolen my freedom:
Lord! I risk losing my sanity.

Chorus

Muses, lift your spirits!
May your rule prevail.
I, the crown, am not captive,
nor is my purpose to be denied:
true honour to future bards.

Verse 2

Though my seat's a fine cushion
Made of purple velvet,
I should prefer to sit in the bardic chair
Or on the head of a poet.

Chorus

Verse 3

My former renown's to be mourned,
My half-century customarily bestowed
on your temples - you poets,
those who won the eminent prize.

Chorus

Verse 4

But for twenty years I have yearned -
locked away in this gloomy casket -
to be placed, like a laurel-wreath,
on the head of an acknowledged bard.

Chorus

Verse 5

But hear now! A marvellous rumour!
It is time for me to awaken!
I shall be polished up and dusted off -
for a new bard is to be crowned!

Chorus

Verse 6

Out of my melancholy casket
I am delighted to escape at last.
A new poet will receive this ancient prize
And I shall soar with joy!

Lord! Release me now!
Now set me free!

Last Chorus

Lift your heads, and lift your pens
Poets, I wish to reward your gifts.
I am the crown, and I live!
For our language and music
Raise up your poems, here's to Gaelic!

Sandaidh NicDhòmhnaill Jones 2020



MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL 2020



Brot is Milsean
Soup & Pudding

Disathairne 15 Gearran
Saturday 15 February

12-2f

Tallaichean Seann Àrd Eaglais,
Sraid na h-Acadamaidh
*Old High Church Hall,
Academy Street*

Inbhich / Adults £7
Clann / Children £3

Chì sinn ann sibh!

ROYAL NATIONAL MOD 2020

BATHAR / MERCHANDISE

Tha measgachadh de rudan ri cheannachd mar phàirt de bhatar Comataidh lonadail Inbhir Nis. Gheibhear hoodies, lèinteant, bagaichean, bonaidean agus mòran eile!

Thòiribh sùil **an seo** airson liosta de na rudan a tha ri cheannach.

The Inverness Local Organising Committee have a range of merchandise available to buy. These include hoodies, t-shirts, bags, beanies and much more.

Click on the following website to view the full list of available items.

<https://www.klaskclothing.co.uk/products/group-club-shops/mod-inbhir-nis-2020>



Dè tha dol aig Comataidh lonadail Mòd 2020?

Cumaibh sùil air duilleag Facebook Mòd Inbhir Nis 2020 airson naidheachdan sam bith agus fiosrachadh mu na tachartasan eile a bhios aca anns na mìosan a tha romhainn.

Keep an eye on the Mòd Inbhir Nis 2020 Facebook page for news and notices of forthcoming events!

For tickets for our Old New Year Ceilidh Dance, click the link above.

<https://www.facebook.com/modinbhirnis/>



Mac na braiche

CUAIRT IS BLASAD CEÒL TRAIDISEANTA - BEÒ!

Dihaoine 28 An Gearran 2020

7.30f

PRÌS - £12.50

cuairt 45 mionaidean is
3 dramaichean Singleton



Taigh-staile Glen Ord

Am Blàr Dubh
Siorrachd Rois
IV6 7UJ

Tiogaidean:

- > Air-loidhne - www.wegottickets.com/ModInbhirNis
- > Post.d - secretary.mod2020@outlook.com
- > Fòn-làimhe - 07872 448558
- > Ionad an luchd-tadhail aig an Taigh-staile





Malt Whisky TOUR & TASTING

FOLLOWED BY LIVE TRADITIONAL MUSIC

Friday 28 February 2020

7.30pm

TICKETS - £12.50

which includes a 45 minute tour
followed by three Singleton drams



Glen Ord Distillery
Muir of Ord
Ross-shire
IV6 7UJ



Tickets available:

- > Online at www.wegottickets.com/ModInbhirNis
- > By email at secretary.mod2020@outlook.com
- > By telephone on 07872 448558
- > From the Glen Ord Distillery Visitor Centre

SC001282

Comunn Gàidhealach an Òbain

February Cèilidh

Saturday 1st February 2020

*Masonic Hall, Albany Street, Oban
7.30pm Admission: £6.00*

Featuring:

Carol MacLean (Tobermory)

Joy Dunlop (Connel)

Alasdair Whyte (Mull)

Calum MacColl (Glasgow)

Ross MacPherson & Calum MacPhail

Fear an Taighe: Martin Wilson

Raffle, tea and home baking

Còisir Ghàidhlig Shruighlea

Stirling Gaelic Choir

OPEN REHEARSAL

Wednesday 5th February

7.30-8.30 pm

Logie Kirk Hall

Causewayhead FK9 5LH

Come and meet us, learn a song or just listen,
and stay for a cup of tea.

All welcome. No auditions, and
no knowledge of Gaelic required.

www.stirlinggaelicchoir.wix.com/sqc2

SC032700



OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: *Iain Moireasdan*

Manaidsear a' Mhòid: *Seumas Greumach*

Oifigear a' Mhòid: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: *Peigi NicUllinnein*

Oifigear a' Mhòid: *Marina NicAoidh*
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

